



## Ceistean

**Thoir sùil air paragraf 1.**

**1 (a) Beachdaich air structair nan seantans.**

*Seantans fhada air a sgaradh le cromagan. Tha e cudromach don sgeulachd gu bheil aon fhacal – ‘Glaiste’ a’ nochdadh ann an seantans leis fhèin.*

**(b) Ciamar a tha an structair seo mar shamhla air na tha tachairt san sgeulachd?**

*Tha e mar shamhla air na tha tachairt oir tha e a’ cruthachadh dealbh an inntinn an leughdair den character a’ ruith gu cabhagach agus gun stad bho dhoras gu doras. Tha an t-seantans fhada seo “a’ ruith” gun stad, agus mar sin, tha e mar shamhla air mar a tha Emma a’ gluasad. Tha e cudromach an aire a thoirt gu bheil am facal “Glaiste” a’ nochdadh ann an seantans leis fhèin. Tha seo a’ tarraing aire an leughadair chun an fhacail seo. Leis gu bheil am facal a’ seasamh leis fhèin, tha sinn a’ faireachdainn gur e co-dhùnadh aig a’ character – gu bheil na dorsan glaiste agus nach eil feum a cumail a’ feuchainn nan dorsan. Tha Emma air dòchas a chall agus tha i dol a’ sgur a dh’fheuchainn nan dorsan. Tha Emma a’ sgur a’ ruith agus tha agus an t-seantans.*

**Thoir sùil air paragraf 3****2. (a) Thoir seachad eisimpleir de dh'abairt no briathran a tha a' sealltainn dhuinn gu bheil càirdeas caran sàraichte eadar Emma agus a màthair.**

*“Bha fios aig Emma dè bha a' tighinn”*

*“Cha robh a màthair ag èisteachd”*

*“Cuin a chunnaic thu idir nighean aois aona bliadhna deug a' gabhail marmalaid?”*

*“Dh'èigh Emma na ceann ach cha tuirt Emma càil”*

*“Cha tuirt a màthair guth agus chùm i orra a' cur ìm air an tost”*

*No abairt sam bith eile a bhiodh freagarrach.*

**(b) Nad fhaclan fhèin, mìnich mar a tha na briathran seo a' dèanamh a' chàirdeis eatarra follaiseach.**

**“Bha fios aig Emma dè bha a' tighinn”** – Bhiodh a màthair daonnach ag ràdh an aon rud agus bha Emma a' fàs searbh ga h-èisteachd.

**“Cha robh a màthair ag èisteachd”** – Tha seo a' sealltainn dhuinn gun robh Emma den bheachd nach robh a màthair ag èisteachd rithe agus nach robh i a' cur sùim anns na bha i ag ràdh.

**“Cuin a chunnaic thu idir nighean aois aona bliadhna deug a' gabhail marmalaid?”** – Tha seo a' sealltainn gun robh Emma den bheachd nach robh mòran tuigse aig a m' athair air a beatha mar dheugaire. Bha i a' faireachdainn nach robh fiù 's for aig a màthair air na rudan a bu toigh leatha fhèin agus le a co-aioisean a bith ag ithe.

**“Dh'èigh Emma na ceann ach cha tuirt Emma càil”** – Tha seo a' sealltainn gun robh Emma a' smaointinn tòrr rudan na ceann nach b' urrainn dhi a ràdh ri màthair.

**“Cha tuirt a màthair guth agus chùm i orra a' cur ìm air an tost”** – Tha seo a' sealltainn nach robh a màthair a' cur mòran sùim anns na rudan a bhiodh Emma ag ràdh. Tha e mar gu bheil tòrr air a h-inntinn 's gu bheil i air chall na smaointean fhèin.

**Thoir sùil air paragraf 3****3. “a' cur às a corp”****Dè tha an abairt seo a' ciallachadh?**

Gun robh màthair Emma a' sìor bhruidhinn mun chuspair seo. Gu bheil i an-còmhnaidh ag ràdh an aon rud 's nach eil i ag èisteachd ri beachdan dhaoine eile mu dheidhinn.

**Thoir sùil air paragraf 8****4. (a) Dè tha am facal ‘eadar-ràdh’ a’ ciallachadh?**

*Nuair a tha fiosrachadh ann am pìos sgrìobhaidh air a chur ann an camagan.*

**(b) Thoir seachad eisimpleir de eadar-ràdh ann am paragraf 8**

*“Cha robh i air guth a thoirt air ri màthair. (bha i a’ feitheamh airson àm freagarrach)”*

**(c) Ciamar a tha e èifeachdach gu bheil an sgrìobhadair a’ cleachdadh eadar-ràdh an seo?**

*Tha e èifeachdach gu bheil e a’ nochdadh ann am an camagan seach nach eil Emma idir a’ dol a dh’aideachadh ri màthair gur ann airson seo nach tug i guth mun sleepover seach gun robh i a’ feitheamh airson àm “freagarrach”. Chan eil am fiosrachadh ann an camagan deatamach dhan sgeulachd, ach tha e cudromach ann a bhith a’ cur ris an dealbh a th’ aig an leughadair mun chàirdeas caran cugallach a tha eadar Emma agus a màthair.*

**Thoir sùil air paragraf 8****5. Nad fhaclan fhèin, inns mar a tha an sgrìobhadair a’ toirt fa-near dhan leughadair gu bheil co-là breith Emma air a bhith air a chuartaich le bròn cho fad ‘s as cuimhne leatha.**

*Cha robh partaidh no sìon mar sin a-riamh air a bhith aice airson a co-là-breith. Bha Emma mothachail mar a b’ fhaisge a bha a co-là-breith a’ tighinn gun robh a màthair ga seachnadh ‘s nach robh mòran còmhraidh eatarra.*

**Thoir sùil air paragraf 10****6. (a) Dè tha thu a’ mothachadh a tha sònraichte mu pharagraf 10?**

*Tha am paragraf seo uabhasach goirid –dìreach aon seantans.*

**(b) Ciamar a tha an structair seo èifeachdach?**

*Tha e èifeachdach gu bheil an seantans seo a’ nochdadh ann am paragraf leis fhèin seach gu bheil seo a’ tarraing aire an leughadair thuige. Tha seo gu h-àraid cudromach nuair a choimheadas sinn air na tha a’ tachairt sa pharagraf roimhe agus sa pharagraf às a dhèidh. Tha màthair Emma dìreach air moladh gum biodh sleepover aice air a co-là-breith. Cha robh dùil aig Emma ris an fhiosrachadh seo agus thug e greis mus do*

thuig i na bha a màthair air a ràdh. Tha am paragraf a' seasamh leis fhèin, agus tha agus smointean Emma air a' chùis. Tha e cudromach cuideachd gu bheil an ath pharagraf a' leum gu Emma a' bruidh a-rithist. Tha seo a' toirt fa-near dhuinn gu bheil paragraf 10 sònraichte san sgeulachd agus gu bheil càirdeas nas dlùithe ag èirigh eadar Emma agus a màthair. Tha e cuideachd a' tarraing ar n-aire gu aisling Emma, far a bheil rudan beagan "eadar-dhealaichte" – tha seo a' sealltainn dhuinn gu bheil na tha dìreach air tachairt a' toirt buaidh mhòr air Emma.

**Thoir sùil air a' chiad pharagraf agus am paragraf mu dheireadh.**

### **7. Dè tha an “doras geal” a' samhlachadh?**

Tha an doras geal a' samhlachadh fiosrachadh a tha a dhìth oirre mu a h-athair agus a piuthar. San aisling aig an toiseach, tha i a' faicinn doras geal agus tha i ga fhosgladh, ach chan eil i idir a' faicinn na tha air a chùlaibh. Ann an coimeas ris an seo, sa bhruadar aig deireadh na sgeulachd, tha i a' fosgladh an dorais ghil agus tha i a' coinneachadh a h-athair agus a piuthar. Tha i a' faireachdainn faochadh, toileachas agus blàths a-nis gu bheil a màthair air innse dhi mar a thachair dha a h-athar agus a peathar.

**Thoir sùil air an sgeulachd gu lèir.**

**A bheil thu den bheachd agus e èifeachdach gu bheil an sgeulachd a' tòiseachadh le Emma a' bruidh agus a' crìochnachadh le Emma a' bruidh. Minich do fhreagairt.**

Tha e èifeachdach gu bheil an sgeulachd a' tòiseachadh agus a' crìochnachadh le Emma a' bruidh. Aig toiseach na sgeulachd, tha sinn ag ionnsachadh mu aisling dhorcha a th' aig Emma. Tha an aisling seo a' riochdachadh na mì-chinnt a th' aice mu a beatha agus an t-uallach a th' oirre. Tron sgeulachd, thathar a' tuigsinn an adhbhair a tha Emma a' faireachdainn mì-thoilichte. Ro dheireadh na sgeulachd, tha màthair Emma ag innse dhi mar a thachair dha a h-athair agus a piuthar. Ged as e tachartas duilich a bha seo, tha e a' toirt tuigse do Emma air na ceistean a bh' aice fad a beatha. Aig deireadh na sgeulachd, tha aisling eile aig Emma, agus ged a tha e caran coltach ris an tè a bh' aice aig toiseachd na sgeulachd, 's e aisling thoilichte a tha seo.

**“Carson a bha cho beag sùim aig a màthair anns na bha a' dol aice na beatha?”  
(Paragraf 5, loidhne 2)**

**“Eil fios cò ris a bhiodh e coltach athair a bhith agad?” (Paragraf 6 Loidhne 8)**

**“Ciamar a bha i dol a fhreagairt seo?” (Paragraf 8, Loidhne 1)**

**8. Tron sgeulachd, tha Emma daonnan a' faighneachd cheistean dhi fhèin. Dè tha seo ag innse dhuinn mu staid inntinn Emma?**

*Gun robh tòrr cheistean aice mu iomadh rud. Bha ceistean aice mu a h-athair, mu carson a bhiodh a màthair a' caoineadh aig àm a co-là-breith. Tha e cuideachd a' toirt oirnn a thuigsinn nach robh duine eile ann dham faighnicheadh i na ceistean seo. Bha i den bheachd nach robh tuigse aig a màthair oirre 's mar sin cha robh i a' dol a dh'fhaighneachd dhi. Le seo, bha Emma dìreach a' cnuasachadh nan ceistean seo na h-inntinn fhèin.*

**9. Chan eil seanmhair Emma a' nochdadh ach dà thuras san sgeulachd (Paragraf 9 agus paragraf 13) A dh'aindeoin seo, 's e caractar air leth cudromach a th' innte. Mìnich mar a tha seanmhair Emma cudromach dhan sgeulachd.**

*Sa chiad àite, tha i cudromach oir tha Emma measail air a seanmhair, agus gur e sealladh Emma a thathar a' faighinn tron sgeulachd. Tha a seanmhair a' nochdadh ann am paragraf 9 nuair a tha Emma a' tilleadh dhachaigh às an sgoil. Tha Emma a' tuigsinn gu bheil còmhraidh domhainn a' dol eadar ise agus màthair Emma. A bharrachd air an seo, tha an leughadair a' tuigsinn gu bheil cùis dhìomhair eadar Emma agus a màthair agus gu bheil an t-seanmhair a' brosnachadh na h-ighinn aice gus rudeigin innse do Emma. Goirid às dèidh seo, tha i a' nochdadh san sgeulachd a-rithist, nuair a tha màthair Emma ag innse dhi mar a thachair dha a h-athair agus dha a piuthar. Ann an dòigh 's e a seanmhair an caractar a tha a' toirt air na caractaran eile fuasgladh fhaighinn air an t-suidheachadh aca. Mura b' e a seanmhair, 's dòcha nach biodh a màthair air innse do Ema idir mar a thachair.*

**10. A bheil thu a' meas an tiotal 'An Doras' freagarrach airson na sgeulachd seo? Mìnich do fhreagairt.**

*Ged a tha an sgeulachd mu dheidhinn teaghlach Emma, an càirdeas a th' aice ri a màthair agus na ceistean a th' aice, tha seo uile air a shamhlachadh leis an doras a tha a' nochdadh an toiseach sna h-aislingean aig Emma. Tha e inntinneach gu bheil iomadh doras a' nochdadh san aisling aice, ach tha ar n-aire air a tharraing gu aon doras sònraichte – an doras geal. Mar sin, tha e freagarrach gur e 'An Doras' an tiotal 's nach e 'Na Dorsan'. Tha an doras seo a' samhlachadh rudeigin a tha a dhìth ann am beatha Emma – tha i a' faicinn an dorais ach chan eil fhios aice dè tha air a chùlaibh. Seo mar a tha leis an teaghlach aice, tha fios aice gu bheil a màthair a' cleith rudeigin bhuaipe mu dheidhinn a h-athar ach chan eil fhios aice dè. Tha e èifeachdadh gu bheil an aon doras geal seo a' nochdadh san aisling a bh' aig Emma aig deireadh na sgeulachd, ach an turas seo, tha i a' faicinn air a' chùlaibh agus tha i a' coinneachadh ri a h-athair agus a piuthar.*